

# **A' làimhseachadh agus a' cleachdadh thasglannan agus stuth clò-bhuailte brisg**

## **Bu chòir dhut an còmhnaidh:**

- **peansail a chleachdadh nuair a tha thu a' sgrìobhadh notaichean mu sgrìobhainnean a tha thu a' leughadh;**
- an t-àite far a bheil thu ag obair a chumail sgiobalta, le bhith a' cur bhagaichean mòra sa phreasa glaiste;
- stuthan tasglainn a làimhseachadh gu faiceallach;
- a dhèanamh cinnteach gu bheil do làmhan glan mus làimhsich thu stuthan;
- tacais-leabhair a chleachdadh nuair a tha thu a' leughadh iom-leabhraichean gus nach bi thu a' cur cus cuideim air druim nan leabhraichean;
- cuideaman-tasglainn a chleachdadh nuair a tha thu a' làimhseachadh stuthan truiste no stuthan nach gabh a chumail rèidh gu furasta;
- a dhèanamh cinnteach gun cùm thu duilleagan nach eil ceangailte ann an leabhar anns an òrdugh anns an robh iad bho thùs (fosgail iom-leabhar, faidhle, bucas no pasgan sam bith fear mu seach a-mhàin);
- comharran-leabhair gun shearbhag a chleachdadh a-mhàin;
- mapaichean no planaichean a chòmhdachadh le siota de dh'ìoma-eistear tasglannach gus nach dèan thu cron orra;
- miotagan a rim faighinn a chleachdadh nuair a tha thu a' làimhseachadh dhealbhan no neagataibhean.

## **Cha bu chòir dhut:**

- biadh no deoch a ghabhail san t-seòmar-leughaidh;
- peanaichean no suathain a chleachdadh, oir dh'fhaodadh iad cron a dhèanamh air sgrìobhainnean;
- do chuideam a chur air, no rud sam bith a chur air muin, stuthan tasglainn, ge bith a bheil iad fosgailte no dùinte;
- sgrìobhainnean a dh'fhosgladh le cus neirt: leig fios don luchd-obrach ma tha duilgheadasan agad;
- teacs sgrìobhainnean a làimhseachadh, no a bhith a' cur chomharran orra ann an dòigh sam bith: an àite sin, cleachd na stiallan pàipeir gun shearbhag a tha rim faighinn gus an loidhne-teacs a leantainn;
- dealbhan a thogail de rud sam bith gun chead an luchd-obrach;
- trast-dealbhan a dhèanamh de mhapaichean no planaichean.

**Mòran taing airson do thaic gus dèanamh cinnteach gun glèidh sinn ar tasglannan airson nan ginealaichean ri thighinn.**